

<p>A' lorg beachdan air Maoin Coimhearsnachd a' Chrannchuir Nàiseanta ann an Alba Freagairt Bhòrd na Gàidhlig 07 Iuchar 2022</p>	<p>Seeking views on the National Lottery Community Fund in Scotland Bòrd na Gàidhlig Response 07 July 2022</p>
<p>Nach innis sibh na tha na nur beachd na feumalachdan sa choimhearsnachd agaibh sa bhad agus san fhad-ùine.</p> <p>Tha Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig làithreach ag amas ri cur am meud cleachdadh na Gàidhlig. Taobh a-staigh seo tha e na phrìomh phrìomhachas barrachd chothroman a thoirt do luchd-labhairt na Gàidhlig an cànan a chleachdadh. Tha sin thar sreath de shuidheachaidhean. Tha iad a' gabhail a-steach ionnsachadh, eadar-obrachadh sòisealta, anns an taigh agus ann an àitichean obrach (a' gabhail a-steach buidhnean na coimhearsnachd) - airson a h-uile aois agus anns a h-uile sgìre na h-Alba.</p> <p>Tha an taic a tha a dhìth sa bhad a' cruthachadh àiteachan agus cothroman do choimhearsnachdan dùthchail, bailteil agus air-loidhne le Gàidhlig a thighinn còmhla agus an cànan a bhruidhinn agus a dhol an sàs ann an gnìomhan cultarail Gàidhlig traidiseanta agus co-aimsireil.</p> <p>Is e na feumalachdan san fhad-ùine dèanamh cinnteach gun urrainn do na coimhearsnachdan Gàidhlig a bhith beò agus a' soirbheachadh anns na diofar àiteachan sin.</p>	<p>Please tell us what you consider to be the immediate and longer term needs of your community.</p> <p>The current National Gaelic Language Plan aims to increase the use of Gaelic. Within this a key priority is to allow Gaelic speakers more opportunities to use the language. That is across a range of settings. They include learning, social interaction, in the home and in workplaces (including community organisations) - for all age groups and all areas of Scotland.</p> <p>Immediate support required is creating spaces and opportunities for rural, urban and online Gaelic speaking communities to come together and speak the language and engage in traditional and contemporary Gaelic cultural activities.</p> <p>The longer term needs is to ensure that the Gaelic speaking communities can survive and thrive in these different locations.</p>
<p>A' smaoinichadh mun freagairt agaibh ris a' cheist mu dheireadh, dè a' phàirt a tha no a bu chòir a bhith aig Maoin Coimhearsnachd a' Chrannchuir Nàiseanta ann a bhith a' dèiligeadh ris na feumalachdan sin nur beachd?</p> <p>Bu chòir don Mhaoin Choimhearsnachd a chuideachadh ann an cothroman a bhrosnachadh</p>	<p>Thinking about your answer to the previous question, what role do you think The National Lottery Community Fund could or should play in addressing these needs?</p> <p>The Community Fund should help promote opportunities in Scotland for Gaelic speakers. That is</p>

<p>ann an Alba airson luchd-labhairt na Gàidhlig. Tha sin tro bhith a’ beachdachadh air mar a chuidicheas e le bhith a’ toirt taic do phròiseactan le fòcas air a’ Ghàidhlig agus/no pròiseactan ann an coimhearsnachdan Gàidhlig. Tha iomadh coimhearsnachd na Gàidhlig ann an sgìrean iomallach agus eileanan. Tha dùbhlain mòra romhpa a’ gabhail a-steach crìonadh san àireamh-sluaigh, gleidheadh dhaoine òga, cruthachadh obraichean le deagh phàigheadh agus cosgais àrd/glè bheag de thaigheadas is còmhdhail.</p> <p>Tha diofar bhuidhnean a’ cur feum air taic-airgid airson pròiseactan a sholairas barrachd chothroman airson cleachdadh na Gàidhlig.</p> <p>Dh’fhaodadh a’ Mhaoin Choimhearsnachd airgead a chuartachadh gus taic dhìreach a thoirt do dh’fheumalachdan sònraichte agus fìor choimhearsnachd na Gàidhlig, a bharrachd air oifigear le Gàidhlig a bhith ann airson cosnachadh leis na coimhearsnachdan.</p>	<p>through considering how it can help support Gaelic-focussed projects and/or projects in Gaelic communities. Many Gaelic communities are in remote areas and islands. They face significant challenges including population decline, retention of young people, creation of well-paid jobs and high cost/limited availability of housing and transport.</p> <p>Various organisations require funding support for projects which provide more opportunities to use Gaelic.</p> <p>The community fund could ringfence funds to directly support the specific and real needs of the Gaelic speaking community as well as have a Gaelic speaking officer to engage with the communities.</p>
<p>Nach innis sibh dhuinn mu dhòighean sam bith a tha sibh a’ smaoinichadh as urrainn dhuinn ar maoinichadh a dhèanamh nas fhasa faighinn thuige.</p> <p>Bu chòir don Mhaoin ath-sgrùdadh a dhèanamh air mar a thathar a’ dèiligeadh ri buidhnean Gàidhlig. Tha sin airson dèanamh cinnteach gum bi a’ mhaoin so-ruigsinneach dhaibh – agus gus spèis co-ionann a thabhann don Ghàidhlig. Gu sònraichte:</p> <ul style="list-style-type: none"> • A’ gabhail ri iarrtasan maoinichaidh anns a’ Ghàidhlig. • A’ cruthachadh conaltradh mun Mhaoin anns a’ Ghàidhlig gus ìomhaigh na Maoin a thogail am measg bhuidhnean agus choimhearsnachdan na Gàidhlig. • Beachdaichibh air cuireadh a thoirt do riochdaire bho Bhòrd na Gàidhlig suidhe air a’ phannal maoinichaidh agus comhairle a thoirt dhuibh mur maoin mar a bhios iomchaidh. 	<p>Please tell us about any ways you think we can make our funding easier to access.</p> <p>The Fund should review its approach to dealing with Gaelic organisations. That is to ensure the fund is accessible to them - and to offer equal respect for Gaelic. In particular:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Accepting funding applications in Gaelic. • Producing communications about the Fund in Gaelic to raise the Fund’s profile among Gaelic speaking organisations and communities. • Consider inviting a representative from Bòrd na Gàidhlig to sit on the funding panel and/or advise as required.



San fharsaingeachd, tha sinn airson gum bi a' Ghàidhlig a' faighinn co-ionannachd spèis tro bhith gabhail ri dòigh-obrach sgeamaichean maoinachaidh a' Chrannchuir Nàiseanta a thaobh na Cuimris. Gu sònraichte, tha na poileasaidhean dèanamh tabhartais ag obair gu dà-chànanach agus a' brosnachadh cothrom air Cuimris a bhruidhinn: <https://www.tnlcommunityfund.org.uk/about/customer-service/welsh-language-scheme> agus <https://www.tnlcommunityfund.org.uk/media/Welsh-language-in-grants-policy.pdf>.

More generally, we wish to see Gaelic afforded equal respect through adopting the National Lottery funding schemes' approach to the Welsh language. In particular, the policies of grantmaking operating bilingually and increasing the opportunity to speak Welsh:

<https://www.tnlcommunityfund.org.uk/about/customer-service/welsh-language-scheme> and <https://www.tnlcommunityfund.org.uk/media/Welsh-language-in-grants-policy.pdf>)

